



Plana Gàidhlig 2019 - 24

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'achd na gàidhlig (alba) 2005 agus chaidh aontachadh le bòrd na gàidhlig 21 giblean 2020.

Facal-tòiseachaidh

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig aice fhoillseachadh a rèir ullachaidhean Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha am plana a' cur an cèill mar a bheir sinn air adhart, agus mar a chuireas sinn ris, an obair a chaidh a thòiseachadh ann an 2013 gus aire a thogail mun chànan am measg an luchd-obrach agus na coimhearsnachd againn.

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas agus fèin-aithne nàiseanta na h-Alba. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil dùbhlain ann gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail agus gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan agus sa bheatha làitheil againn.

Mar Chomhairle cumaidh sinn oirnn a bhith ag obair le Bòrd na Gàidhlig, leis na com-pàirtichean dealbhaidh coimhearsnachd agus le feadhainn eile gus cuideachadh le bhith a' dìon na Gàidhlig airson nan ginealaichean ri teachd.

Tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig agus gus cuideachadh le bhith a' daingneachadh, a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig, a dualchas agus a cultar airson a' ghinealaich seo agus nan ginealaichean ri teachd tron dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn airson 2019-2024.

Tha am plana a' mìneachadh mar a bheir sinn air adhart adhartas a rinneadh thar nan còig bliadhna a dh'fhalbh gus ìomhaigh agus faicsinneachd na Gàidhlig a thogail ann an dòigh a tha an dà chuid ìomchaidh agus buntainneach do choimhearsnachd Siorrachd Lannraig a Deas. Ged nach d' rinn sinn an uiread de dh'adhartas leis a' chiad tionndadh den phlana 's a bu mhiann leinn, tha sinn air aontachadh na gnìomhan bhon chiad phlana againn a thoirt air adhart dhan phlana seo, cho math ri gnìomhan a bharrachd a tha a' cumail taic ris a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig.

Tha am Plana a' mìneachadh mar a bhios a' Chomhairle ag obair gus taic a chumail ri amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig thar nan còig bliadhna a tha romhainn agus a' coileanadh nan dleastanasan againn ann an dòigh fhòcusaichte a nì cinnteach gun aithnich na coimhearsnachdan, na com-pàirtichean planaidh coimhearsnachd agus luchd-ùidh eile againn mar a tha sinn a' cur air adhart agus a' cleachdadh na Gàidhlig.

Cuiridh Plana Ghàidhlig na Comhairle ri bhith ag àrdachadh ìomhaigh agus faicsinneachd na Gàidhlig le bhith a' co-roinn deagh chleachdadh agus a' cruthachadh chothroman dhaibhsan a tha airson an cànan a chleachdadh nam beatha làitheil. Le bhith a' dèanamh seo tha sinn a' sealltainn ar taic do na h-amasan anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig fhathast na cànan beò agus na pàirt shònraichte de dhualchas cultarach na dùthcha againn.

Cleland Sneddon

Àrd-oifigeir

Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas

1 Ro-ràdh

1.1 Mu ar deidhinn

Tha còrr is 316,000 daoine a' fuireach ann an Siorrachd Lannraig a Deas agus tha i air aon de na sgìrean as motha agus as eadar-mheasgte ann an Alba. Tha còrr is 180,000 heactair de dh'fhearann ann an sgìre na comhairle, bho fhaisg air mheadhan Glaschu gu faisg air Crìochan na h-Alba. Tha measgachadh de dh'àrainneachdan bailteil, dùthchail agus de dh'àiteachan far an robh mèinnearachd a' dol air adhart roimhe. Tha mu 80% comharraichte mar àiteachail ach tha 70% den t-sluagh a' fuireach anns na bailtean as motha sa cheann a tuath.

Tha ceithir bailtean ann an Siorrachd Lannraig a Deas le sluagh de chòrr air 20,000 (Cille Bhrìghde an Ear, Hamaltan, An Ruadh-Ghleann agus Camas Long) agus 23 baile agus tuineachadh eile le sluagh de chòrr air 1000.

Tha Prìomh Oifis na Comhairle suidhichte air Sràid Almada, Hamaltan le oifisean ionadail stèidhichte anns na ceithir prìomh sgìrean cruinn-eòlasach ann an Siorrachd Lannraig a Deas: Hamaltan, Cille Bhrìghde an Ear, An Ruadh Ghleann/Camas Long agus Dail Chluaidh.

Bidh a' Chomhairle a' fastadh timcheall air 14,500 neach-obrach, tha buidseat teachd-a-steach aice de £644 millean (2018-2019), agus tha uallach oirre gus diofar sheirbheisean a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach foghlam, taigheadas, obair shòisealta, rathaidean, dealbhadh, slàinte àrainneachd, inbhean luchd-cleachdaidh agus malairt, leabharlannan agus ionnsachadh coimhearsnachd, seirbheisean ealain is taighean-tasgaidh, agus pàircean dùthchail. Tha 64 comhairlichean aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a tha a' riochdachadh 20 uàrd ioma-bhall. Tha 3 no 4 comhairliche anns gach uàrd.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun chomhairle agus a seirbheisean air [làrach-lìn na Comhaille](#).

1.2 Achd na Gàidhlig (alba) 2005 agus a' lìbhrigeadh fios gum feumar plana Gàidhlig a dheasachadh

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an dàrna tionndadh de Phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig

(Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Siorrachd Lannraig a Deas a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

1.3 Aonta do Phlana Gàidhlig Siorrachd Lannraig a Deas:

Chaidh dreachd Plana Gàidhlig Siorrachd Lannraig a Deas a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta an toiseach air 18 Dùbhlachd 2018

1.4 Co-chomhairleachadh air an Dreachd Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 ag ràdh gum feum ùghdarrasan poblach deasachadh a' phlana Gàidhlig aca a thoirt gu aire a h-uile duine/buidheann aig am biodh ùidh sa chùis. Rinn Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas co-chonaltradh air an dreachd Plana Gàidhlig agus tha i air na beachdan a chaidh a thoirt dhi tron phròiseas co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

Rinneadh an conaltradh poblach tro fhoirm suirbhidh air-loidhne. Chaidh a shanasachadh tro na meadhanan sòisealta agus tro làrach-lìn na Comhairle. Tha geàrr-chunntas de thoraidhean an t-suirbhidh ann an eàrr-ràdh 2.

1.5 Geàrr-chunntas mun Ghàidhlig ann an Alba

Tha Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus tha i air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig;
- togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;
- barrachd cleachdadh den Ghàidhlig a bhrosnachadh

Ann an cunntas-sluaigh 2011, b' e an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh a chlàradh le comas Gàidhlig a bhruidhinn, a sgrìobhadh, a leughadh agus/no a thuigsinn 87,000. Den fheadhainn sin, b' e an àireamh iomlan de dhaoine a bha

comasach air Gàidhlig a bhruidhinn 58,000. Tha an dàta a' sealltainn gu bheil ìre a' crìonaidh air lùghdachadh gu mòr an taca ris na cunntasan-sluaigh mu dheireadh.

Tha an dàta a' sealltainn àrdachadh de 10 sa chiad air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig fo aois 15 agus àrdachadh de 15% ann an aois 16 gu 29.

1.6 A' Ghàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Lannraig a Deas.

Bha Gàidhlig ga bruidhinn ann an Siorrachd Lannraig a Deas cho fada air ais ris an 12mh linn nuair a bha a' Ghàidhlig aig deagh chuid den t-sluagh. Tha seo fhathast ri fhaicinn an-diugh ann an cuid de na h-ainmean bhailtean againn, mar eisimpleir Blantyre/Blantaidhr agus Lesmahagow/Lios MoFhèige. Ach, tha na h-àireamhan a tha comasach air an cànan a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh tòrr nas lugha san latha an-diugh. Tha dàta bho chunntas-sluaigh 2011 a' sealltainn gun robh na sgilean seo aig 1,358 (0.45%) de shluagh Shiorrachd Lannraig a Deas agus gu bheil eòlas air a' Ghàidhlig aig 2,106 (0.69%).

Tha ùidh a' sìor fhàs aig buidhnean coimhearsnachd ann a bhith a' cur cothroman ionnsachadh Gàidhlig air dòigh airson clann agus inbhich. Tha buidheann ann an Siorrachd Lannraig a Deas do bhuidhnean aois 2-3 air a bheil Clann Trang a bhios a' coinneachadh ann an Cille Bhrìghde an Ear 3 madainnean san t-seachdain tron teirm. Bidh buidheann Pàrant is Pàiste (0-5), Clann Trang, a' coinneachadh madainn gach seachdain tron teirm. Bidh iad seo a' coinneachadh ann am Bun-sgoil Beinn Chamshroin. Bheir a' chomhairle taic phractaigeach do na buidhnean sin, a' gabhail a-steach a bhith a' sanasachd ghnìomhan agus, far a bheil e iomchaidh, a bhith a' sealltainn dhaibh far am faighear a-mach mu chothroman maoineachaidh.

1.7 Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Beinn Chamshroin. Is e an sgìre-sgoile airson na Gàidhlig sgìre Siorrachd Lannraig a Deas air fad.

Tha làn bhogadh sa Ghàidhlig ann am bliadhnaichean na sgoil-àraich agus anns a' chiad trì bliadhna den bhun-sgoil. Às dèidh sinn, thèid a' Bheurla a thoirt a-steach mean air mhean, leis a' Ghàidhlig fhathast mar phrìomh chànan a' chlas. Ann an raon na h-Àrd-sgoile, bidh Àrd-sgoil Ghlinn Chailldair a' teagasg na Gàidhlig mar phàirt den churraicealaim.

Tha am poileasaidh seo stèidhichte air stiùireadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais airson Gàidhlig. Tha foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig na phàirt de shiostam foghlaim na h-Alba agus tha e ri fhaighinn an dà chuid do theaghlaichean le Gàidhlig is gun Ghàidhlig. Gheibh teaghlaichean aig a bheil ùidh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig barrachd fiosrachaidh air [Làrach-lìn Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas](#). Ann an 2018-19, bha 19 sgoilearan san Sgoil-àraich ann am bun-sgoil Beinn Chamshroin, 69 sgoilearan a bharrachd ann am BS 1 gu BS 7 agus 18 sgoilearan a' cumail suas agus a' toirt air adhart an cuid sgilean cànan ann Àrd-sgoil Ghlinn Chailldair. Aig an àm seo chan eil Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a'

libhrigeadh GLPS (Gaelic Language in the Primary School) no Gaelic (Luchd-ionnsachaidh) san àrd-sgoil.

Mar phàirt de dh'Ionnsachadh Òigridh, Teaghlaich agus Coimhearsnachd, tha dà chlas Ghàidhlig againn le maoineachadh bho Chomhairle Siorrachd Lannraig a Deas. Tha fear dhiubh na chlas oidhche aig ìre luchd-tòiseachaidh agus bidh am fear eile a' tachairt air an fheasgar agus e air a thoirt seachad aig ìre nas adhartaike. Tha an dà chlas ag amas air luchd-ionnsachaidh inbheach. Tha clas eile ann far a bheil foghlam air a thoirt seachad aig àrd-ìre. Tha seo a-nis gu math stèidhichte, le bun-stèidh agus tha e fèin-sheasmhach a thaobh maoineachaidh. Tha a h-uile clas stèidhichte ann an Cille Bhrìghde an Ear agus tha liosta-feitheimh aig gach clas.

A bharrachd air na buidhnean coimhearsnachd stèidhichte tha buidhnean coimhearsnachd ùra a' tighinn am bàrr taobh a-staigh Siorrachd Lannraig a Deas, mar eisimpleir tha seiseanan Bookbug Gàidhlig agus clasaichean Gàidhlig do dh'inbich air a bhith a' tachairt ann an Cair MoLuaig. Tha clasaichean Gàidhlig do dh'inbich air a bhith ann an Lannraig cuideachd. Tha iad seo air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus tha iad fèin-sheasmhach. Bheir a' chomhairle taic phractaigeach agus maoineachadh do na buidhnean

Mar phàirt den phlana, cumaidh sinn oirnn a bhith a' toirt cothrom do luchd-obrach agus dhan choimhearsnachd innse dhuinn dè na sgilean Gàidhlig a th' aca. Nì sinn seo gus faighinn a-mach cia mheud neach-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig agus cuideachd gus faighinn a-mach dè cho tric sa chleachdas iad a' Ghàidhlig san latha-obrach aca le bhith a' cur ceist anns an t-suirbhidh luchd-obrach againn. Bidh sinn cuideachd a' faighneachd an aon cheist, gun a bhith a' faighneachd cho tric 's a tha i ga cleachdadh san latha-obrach aca, mar phàirt den sgrùdadh co-ionannachd againn. Cruthaichidh seo cothrom mothachadh a thogail air a' Ghàidhlig agus fios a thoirt do dhaoine gu bheil Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' cumail taic ri leasachadh a' chànan agus a' brosnachadh com-pàirteachadh gnìomhach leis a' choimhearsnachd.

Tha Siorrachd Lannraig a Deas ri taobh Glaschu far a bheil coimhearsnachd Ghàidhlig agus saoghal cultarail beòthail anns am bi daoine bhon choimhearsnachd againn a' gabhail pàirt gus a' Ghàidhlig a chleachdadh is gus tlachd a ghabhail aiste. Tha Mòd beag air a bhith ann an Siorrachd Lannraig a Deas fad iomadh bliadhna, a tha air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd. Agus bidh Bun-sgoil Beinn Chamsghroin a' cumail latha cultarail na Gàidhlig far am bi clann a' gabhail pàirt ann am bàrdachd, ceòl, dannsa agus spòrs.

1.8 In-sgrùdadh air comas cànan

Ann an 2016 mar phàirt de shuirbhidh an luchd-obrach againn, dh'fhaighnich sinn cia mheud aca aig an robh sgilean Gàidhlig. B' e 35% ìre-fhreagairt an t-suirbhidh, a tha na h-ìre-fhreagairt àbhaisteach airson suirbhidh den t-seòrsa seo agus 's e seo an seòrsa ìre-fhreagairt ris a bheilear an dùil airson suirbhidhean luchd-obrach. Seall na

freagairtean gun robh 0.1% de luchd-obrach na comhairle comasach air Gàidhlig a leughadh no a bhruidhinn, no an dà chuid air Gàidhlig a leughadh is a bhruidhinn.

A chionn 's gun deach grunn shuirbhidhean a chur do luchd-obrach air diofar chuspairean bho chionn goirid, cha deach sgrùdadh sònraichte a dhèanamh airson an dàrna phlana seo. Ach, mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrann 1.7 gu h-àrd, cuiridh sinn ceistean a taobh sgilean Gàidhlig anns an ath Shuirbhidh Luchd-obrach againn. A chionn 's gun robh na h-àireamhan gu math beag: nas lugha na 10 luchd-obrach, chan eil fiosrachadh sam bith a bharrachd san aithisg seo.

A bharrachd air a bhith a' faighneachd nan ceistean air an tug sinn iomradh sa pharagraf gu h-àrd, cruinnichidh sinn fiosrachadh aig ìre thràth sa phlana mun àireamh de luchd-obrach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig no a tha air rùn a nochdadh gus Gàidhlig ionnsachadh.

'S e luchd-teagaisg ann am FtG na h-aon obraichean aig a' chomhairle far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach.

Ged nach eil eadar-mhìniche air fhastadh gu dìreach leis a' chomhairle, thèid eadar-mhìneachadh fòn agus eadar-theangachadh aghaidh-ri-aghaidh a chur air dòigh nuair a tha seo a dhìth airson na Gàidhlig; tha fiosrachadh mu dheidhinn seo ri fhaighinn ann am foillseachaidhean uile na comhairle. Tha e na phrìomh ghealltanais ann am Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman na Comhairle a bhith a' toirt air falbh bacaidhean cànanain no ciorraim a tha ro chustamairean. Bidh seo a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn dhan a h-uile duine sa choimhearsnachd cothrom fhaighinn air na seirbheisean againn ann an dòigh as fheàrr gus an cuid fheumalachdan a choileanadh. Bidh e cuideachd a' cuideachadh gus cur an aghaidh buaidh gràin-cinnidh, às-dùnadh sòisealta agus gus cnapan-starra leth-bhreitheach a thoirt air falbh.

2 Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Tha am plana seo na phoileasaidh aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas agus tha e air aontachadh leis an àrd-sgioba stiùiridh againn agus le buill na Comhairle.

2.1 Oifigear le uallach obrachail airson a' phlana

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas:

Dreuchd: Àrd-oifigeir
Ainm na buidhne: Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas
Àrd-oifis na Comhairle
Sràid Almada
Hamaltan
ML3 0AA
Fòn: 01698 454208
Seòladh puist-d: pach.exec@southlanarkshire.gov.uk

2.2 Uallach làitheil airson a' phlana

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Dreuchd: Manaidsear Leasachaidh Luchd-obrach agus Iomadachd
Roinn: Goireasan Ionmhais agus Corporra
Ainm na buidhne: Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas
Àrd-oifis na Comhairle
Sràid Almada
Hamaltan
ML3 0AA
Fòn: 0303 123 1015
Seòladh puist-d: equalities@southlanarkshire.gov.uk

No le bhith a' tadhal air tè sam bith de na h-oifisean againn. Gheibhear na seallaidhean air làrach-lìn [Siorrachd Lannraig a Deas](#)

2.3 A' Bhuidheann a' cumail sùil air deasachadh, buileachadh agus sgrùdadh a' phlana

Bidh fo-bhuidheann den Bhuidheann Co-ionannachd Chorporra, le ballrachd bho air feadh nan Goireasan gu lèir a' cumail sùil air na gnìomhan agus na geallaidhean a tha sa Phlana, is e seo Buidheann Stiùiridh a' Phlana Ghàidhlig.

Bidh a' bhuidheann:

- a' sgrùdadh buileachadh a' phlana
- a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomh sam bith co-cheangailte ris a' Ghoireas/Seirbheis aca air an coileanadh
- a' toirt beachd sam bith, a' gabhail a-steach dàilichean, dùbhlain agus soirbheasan ar ais gu Sgioba an Stiùiridh Chorporra

2.4 Ag innse do luchd-obrach mun phlana:

Thèid fios a thoirt dhan luchd-obrach mun Phlana agus mu na Gnìomhan ann tro eadra-lìon an luchd-obrach agus cuideachd tro sheiseanan ullachaidh, nòtaichean agus cuairt-litrichean. Thèid fiosrachadh mun Phlana Ghàidhlig a chur san ath ùrachadh den chùrsa inntrigidh air-loidhne.

2.5 Seirbheisean air an lìbhrigeadh le Treas Phàrtaidhean agus Buidhnean Leth-eisimeileach:

Feumaidh Treas Pàrtaidhean agus Buidhnean Leth-eisimeileach cumail ri poileasaidhean agus cleachdaidhean na comhairle, agus tha seo a' gabhail a-steach a' Phlana Ghàidhlig.

3 A' bhuidh aig planadh is poileasaidh air a' Ghàidhlig

3.1 Prìomh Phrionnsabalan

Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà. Nì Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh làithreach againn gus cothroman a lorg anna gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh phoileasaidhean Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air na gealltanasan a chaidh a dhèanamh anns a' phlana Ghàidhlig seo agus nì sinn cinnteach gum bi a' bhuidh a bheir iad air a' Ghàidhlig a rèir Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

Spèis cho-ionnan aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla

Bidh na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas uile a' nochdadh spèis cho-ionnan dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla

Tairgse ghnìomhach agus Brosnachadh

Thèid na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a bhrosnachadh is thairgse gu gnìomhach. Thèid sùil a chumail air ìre cleachdaidh nan seirbheisean agus thèid barrachd obair brosnachaidh a dhèanamh far a bheil sin a dhìth.

Fosgarrachd agus Adhartas

Is e seo an dàrna tionndadh de phlana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas agus chaidh a h-uile gealladh bhon chiad tionndadh a tha fhathast taobh a-staigh an raoin-ùghdarrais air an toirt air adhart agus air an toirt a-steach

3.2 Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig

Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' cur prìomhachas air trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha gach raon fìor chudromach dhan iomairt gus an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh, agus tha am plana a' comharrachadh prìomh bhuilean co-cheangailte ris gach raon:

Raon leasachaidh	Prìomh bhuilean
A' cleachdadh na Gàidhlig	Thèid àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus thèid taic a chumail ri seo. Nithear seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean agus tro iomairtean agus prògraman aig Bòrd na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh a' chànan barrachd. Mar phàirt de seo, feumar barrachd shuidheachaidhean a thogail far an gabh Gàidhlig cleachdadh. Mar phàirt de seo, feumar Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean far nach deach a cleachdadh roimhe agus feumar a' Ghàidhlig a chleachdadh barrachd sa bheatha làitheil. Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh barrachd, neartaichidh seo coimhearsnachd an luchd-labhairt agus cuiridh e ri a misneachd. Tha seo a' cur ri cothroman airson na Gàidhlig agus airson luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, agus mar sin, tha e a' cur ri mothachadh agus ri pròifil a' chànan.
Ag ionnsachadh na Gàidhlig	Thèid àrdachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus thèid taic a chumail ri seo. Nithear seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean agus tro iomairtean agus prògraman aig Bòrd na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh, a' cumail taic ri, agus a' leudachadh ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre agus anns gach raon. Tha na buannachdan bho seo soilleir: nuair a nithear adhartas le seo, cuiridh e ri àireamhan nan daoine a thuigeas, a bhruidhneas, a leughas agus a sgrìobhas Gàidhlig agus ris a' chomas aca Gàidhlig a chleachdadh gu misneachail.
A' brosnachadh na Gàidhlig	Thèid ìomhaigh fhàbharach a bhrosnachadh dhan Ghàidhlig. Nithear seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean

agus solaraichean agus tro iomairtean agus prògraman aig Bòrd na Gàidhlig.

Tha a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ìomhaigh fhàbharach aig a' Ghàidhlig an urra ri grunn iomairtean. Cuideachd, feumar dèanamh cinnteach gun tèid luach a chur sa Ghàidhlig agus gum bi i air a h-aithneachadh mar chànan a chuireas gu mòr ri saoghal sòisealta, cultarach agus eaconamach na dùthcha.

Tha a bhith a' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig ro-chudromach airson a bhith a' cur ri inbhe agus tarraing na Gàidhlig an dà chuid ann an Alba agus thall thairis. Tha seo a' crochadh an dà chuid air daoine aig a bheil Gàidhlig agus daoine aig nach eil i.

3.3 Aonta ri amasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig

Tha e na rùn aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Anns an earrainn seo, tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

3.4 Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh agus na tràth-bhliadhnaichean mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an dachaigh agus anns na tràth-bhliadhnaichean ann an Alba.

- a' togail aire mu cho cudromach 's a tha an taigh airson a bhith a' togail Gàidhlig agus a' brosnachadh barrachd phàrantan gus foghlam Gàidhlig a thaghadh airson an cuid chloinn agus a bhith a' dèanamh conaltradh le pàrantan gus faighinn a-mach dè an ìre de dh'iartras a th' ann airson cùram-chloinne agus solar nan tràth-bhliadhnaichean aig san àm seo agus san àm ri teachd.
- Nì sinn cinnteach gu bheil taic phractaigeach, goireasan agus comhairle uile rim faighinn airson a bhith a' toirt seachad na Gàidhlig do chloinn agus airson foghlam nan tràth-bhliadhnaichean.
- nì sinn cinnteach gun tèid ceanglaichean a neartachadh eadar cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus solair airson nan tràth-bhliadhnaichean
- nì sinn leasachadh air càileachd agus cothrom air tachartasan ro-sgoile Gàidhlig fo stiùir saor-thoileach agus foghlam reachdail sna tràth-bhliadhnaichean
- cumaidh a' chomhairle taic ri seiseanan Bookbug tro bhith a' toirt seachad àiteachan air an son

Gheibhear fiosrachadh mu fhoghlam Gàidhlig aig ìre na sgoil-àraich/na bun-sgoile air làrach-lìn [Siorrachd Lannraig a Deas](#).

3.5 Foghlam

Tha a' Chomhairle a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig gu bhith seasmhach san àm ri teachd gum feumar àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine as urrainn an cànan a bhruidhinn. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha foghlam, trèanadh agus ionnsachadh fad-beatha ann a bhith ruighinn air a' cheann-uidhe seo.

Gus leantainn oirnn a bhith a' cumail taic ri agus a' cruthachadh àrainneachd a tha soirbheachail airson a bhith a' cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba, a bharrachd air na gnìomhan ann an earrann 3:4, nì sinn na leanas:

- Obraichidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus cur ri solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig ma bhios iarrtas ann
- Bidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas mothachail air ar dleastanasan mar phàrant corporra gus seirbheisean a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig do dhaoine aig a bheil Gàidhlig a tha fo ar cùram, cuiridh sinn ri iomairtean gus an dà chuid FtG agus FLI a stèidheachadh agus a leudachadh aig ìrean na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile
- nì sinn cinnteach gu bheil aire gu leòr ga thoirt do dh'fhastadh, glèidheadh, foghlam, taic is leasachadh luchd-teagaisg FtG is FLI
- bheir sinn seachad raon farsaing de chothroman do dhaoine òga an dà chuid ann am FtG agus FLI gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart tro bhith ga cleachdadh barrachd
- gabhail sinn gach ceum gus càileachd FtG is FLI a daingneachadh tro Stiùireadh Nàiseanta agus tro dhòighean eile
- leudachaidh sinn ruigsinneachd air agus com-pàirteachadh ann an raon farsaing de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbich agus àrdachadh anns na h-àireamhan a tha a' dol air adhart gu fileantas (ceanglaichean ri Coimhearsnachd agus ris an Àite-obrach)
- nì sinn cinnteach gum bi cothroman ann airson leantail eachd is adhartas ann an litearrachd is sgilean cànan eile do dh'inbich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig agus do dh'fhileantaich (tha seo a' ceangal ri Coimhearsnachd is Àite-obrach).
- a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh ghoireasan ann gus taic a chumail ri inbich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig (ceanglaichean ri Coimhearsnachd agus an t-Àite-obrach)

Bheir sinn fa-near na riatanasan fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, agus an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, a' leantainn air sin, a' gabhail a-steach an dleastanas a bhith a' brosnachadh agus a' cumail taic ri Foghlam agus ionnsachadh tro Mheadhan na Gàidhlig.

Brosnaichidh sinn agus bheir sinn taic do dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus nì sinn conaltradh le pàrantan gus an t-iarrtas a th' ann air Foghlam tron

Ghàidhlig aig an àm seo agus san àm ri teachd a mheudachadh aig ìrean na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile

Tha sgioba Goireasan Foghlaim na Comhairle ag ullachadh plana leasachaidh a tha a' sealltainn mar a libhrigeas sinn na gealltanasan foghlaim seo. Bidh am plana seo ri fhaighinn gu poblach cho math ris a' phlana Ghàidhlig seo nuair a tha e air aontachadh agus nuair a tha obair air tòiseachadh gus a chur an gnìomh.

3.6 Coimhearsnachd

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' tuigsinn gu bheil na rudan a leanas a' toirt buaidh air an inbhe a th' aig cànan: a bhith ga chleachdadh san àrainneachd làitheil, an ìre 's gu bheil an cànan air a mheas cudromach agus air fhaicinn a bhith air a mheas cudromach leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil. Tha sinn a' tuigsinn cuideachd nach e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil Gàidhlig a chur am meud a tha a dhìth gus a' Ghàidhlig a dhèanamh seasmhach san àm ri teachd, ach gum feumar cleachdadh a' chànan a chur am meud cuideachd. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr leotha agus mar an dòigh conaltraidh àbhaisteach a th' aca ann am farsaingeachd de ghnìomhan làitheil. Gus àrainneachd a chruthachadh a bhios taiceil ri bhith a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd againn, nì sinn na leanas:

- cuiridh sinn ri inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig tro bhith a' toirt seachad farsaingeachd de sheirbheisean tron Ghàidhlig
- broснаichidh sinn taic do dh'iomairtean a chuireas ri cleachdadh na Gàidhlig am measg gach seòrsa de choimhearsnachd luchd-labhairt
- cumaidh sinn taic ri iomairtean a chleachdas na sgilean agus comasan aig daoine aig a bheil Gàidhlig ann an gnìomhan sa choimhearsnachd
- cruthaichidh sinn barrachd shuidheachaidhean anns an gabh Gàidhlig a chleachdadh gu neo-fhoirmeil le òigridh agus luchd-ionnsachaidh inbheach

3.7 An t-Àite-obrach

Tha a' Chomhairle a' gabhail ris gu bheil Gàidhlig na sgil chudromach a tha cur ri comasan is èifeachdas ar luchd-obrach agus gum bi e na bhuannachd do mhargaidh-obrach na Gàidhlig san fharsaingeachd ma thèid sgilean Gàidhlig aithneachadh gu foirmeil agus gu follaiseach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus cur ris a' chomas againn a thaobh na Gàidhlig agus ri cleachdadh na Gàidhlig mar chànan an àite-obrach:

- a' cruthachadh deagh rùn dhan Ghàidhlig anns an àite obrach tro bhith a' togail mothachadh agus tro shoidhnichean
- a' freagairt sa Ghàidhlig do bhuill den phoball nuair a chuireas iad fios thugainn sa Ghàidhlig
- cuir ri comas an luchd-obrach gus gealltanasan a' phlana Ghàidhlig againn a libhrigeadh tro fhadhadh, trèanadh agus planadh feachd-obrach

- cùm taic ri luchd-obrach gus an cànan a chleachdadh san àite-obrach
- cuir ri cothroman do luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig no a bhith a' cur ri an cuid sgilean cànanain ma tha Gàidhlig aca mar-thà
- a' tabhann cothrom do luchd-obrach, agus do Bhuill Thaghte trèanadh mothachadh Gàidhlig a dhèanamh tron àrd-ùrlar ionnsachaidh air-loidhne againn agus a' toirt dhaibh stiùireadh do bharrachd cothroman trèanaidh cànanain

3.8 Ealainean agus Meadhanan; Dualchas agus Turasachd

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh cho fìor chudromach 's a tha gnìomhachasan nam meadhanan, nan ealan, dualchais agus turasachd ann a bhith a' toirt taic dhan amas gus cleachdadh na Gàidhlig is ùidh sa chànan a dhaingneachadh is a mheudachadh air feadh Alba. Tha sinn a' gabhail ris cuideachd gu bheil na raointean sin a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air meadhanan is ealainean agus dualchas is turasachd ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta:

- cumaidh sinn taic ris na h-ealainean agus na meadhanan gus a' Ghàidhlig a thaisbeanadh
- broснаichidh sinn faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig mar phàirt air leth de dhualchas na h-Alba
- cuiridh rinn ri cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan co-cheangailte ri dualchas agus turasachd far a bheil sin iomchaidh, a' gabhail a-steach soidhnichean agus stuthan eadar-mhìneachaidh
- nì sinn cinnteach gun tèid aithne iomchaidh a thoirt dhan Ghàidhlig agus gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an àiteachan anns a bheil ùidh shònraichte agus gus tachartasan nàiseanta a bhrosnachadh
- nì sinn cinnteach gum bi cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig ann an eachdraidh na h-Alba agus cho cudromach 's a tha i an-diugh na phàirt de thurasachd
- gheibh Maoir Dhùthchail Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas fiosrachadh agus trèanadh gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig gus an urrainn dhaibh fiosrachadh a thoirt seachad mun Ghàidhlig agus a dualchas ann an sgìre na Comhairle, mar eisimpleir ainmean-àite, a rèir nan amasan àrd-ìre.
- gabh cothroman gus obrachadh ann an com-pàirteachas le Manaidsear nan Com-pàirteachasan aig Bòrd na Gàidhlig gus cur ri inbhe na Gàidhlig ann an tachartasan ealain is cultarail anns an sgìre

3.9 Corpas

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach 's a tha e deagh sheirbheisean eadar-theangachaidh a bhith ann agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh mun chànan. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus corpas na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba.

- cumaidh sinn taic ri iomairtean a tha a' cur ri iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- nì sinn cinnteach gu bheil taic eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh ri fhaighinn far a bheil sin a dhìth
- bheir sinn seachad fiosrachadh is taic co-cheangailte ri leasachaidhean agus rannsachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig
- leanaidh sinn an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) airson gach rud sgrìobhte a nì sinn sa Ghàidhlig
- iarr agus lean comhairle bho Ainmean-àite na h-Alba air ainmean-àite Gàidhlig air an taisbeanadh/foillseachadh leis a' Chomhairle

3.10 Prìomhachasan Riaghaltais Ionadail

Nì sinn cinnteach gu bheil na gnìomhan agus na gealltanasan anns a' Phlana Ghàidhlig againn rim faicinn ann am plana a' Chom-pàirteachais Planaidh Coimhearsnachd agus anns na Caidreachasan Leasachaidh Roinneil; a' dèanamh cinnteach gu bheil plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' cur ri prìomhachasan riaghaltais ionadail ann an dòigh phrataigeach.

3.11 Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air rùnachadh taic a chumail ri coileanadh nan Amasan Ro-innleachdail air an aontachadh le Riaghaltas na h-Alba.

Is iad Amasan Ro-innleachdail na h-Alba:

1. Nas beartaiche is nas cothromaiche
2. Nas glìce
3. Nas fhallaine
4. Nas sàbhailte is nas treasa; agus
5. Nas uaine

Airson barrachd fiosrachaidh mu Amasan Ro-innleachdail na h-Alba, faic [Làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#).

Tha na sia deug Builean Nàiseanta do dh'Alba a' sealltainn mar a tha an Riaghaltas an dùil na h-amasan ro-innleachdail aice a choileanadh, agus tha iad a' mìneachadh na tha an Riaghaltas an dùil coileanadh san àm ri teachd.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Amasan Nàiseanta na h-Alba, faic [Làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba](#).

4 Gealltanasan a' Phlana

4.1 Amasan àrd-ìre

Is iad seo na h-amasan àrd-ìre a chuir Bòrd na Gàidhlig gu Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas. Lìbhrigidh sinn na h-amasan seo tro bhith a' lìbhrigeadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus tro ghealltanasan ìre seirbheis anns na h-earrannan a leanas. Tha sinn air iomradh a thoirt sa cholbh air an làimh dheis air na geallaidhean buntainneach.

Càite	Dè	Earrann
Tron phlana air fad	A rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, bu toil leinn na leanas: gu bheil na gealltanasan uile bhon chiad Phlana Ghàidhlig aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a tha fhathast taobh a-staigh raon ùghdarrais na buidhne nam pàirt den phlana seo cuideachd gum bi na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile a' toirt spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla gun tèid na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile a bhrosnachadh is a thairgse gu gnìomhach gun tèid sùil a chumail air ìre cleachdaidh nan goireasan is seirbheisean Gàidhlig agus gun tèid barrachd sanasachd a dhèanamh orra mura eil iad air an cleachdadh mòran	3.1
Seirbheisean Poblach	Gus cuir ri faicsinneachd is inbhe na Gàidhlig, bu toil leinn na leanas: leudachadh ann an conaltraidhean Gàidhlig eadar Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas agus am Pòball, a' gabhail a-steach làrach-lìn na Comhairle, meadhanan sòisealta, fiosan naidheachd agus stuthan clò-bhuailte. gun toir Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a-steach suaicheantas corporra dà-chànanach a-steach, a' nochdadh co-ionannachd spèis airson Gàidhlig agus Beurla nuair a bhios cothrom aca sin a dhèanamh.	4.2.1, 4.2.2, 4.2.3

	gun tèid taic a chumail ri buill thaghte le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ma tha iad airson sin a dhèanamh	
Dachaigh agus Tràth-bhliadhnaichean	Bu toil leinn na leanas: gun dèan Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas conaltradh le pàrantan gus faighinn a-mach dè an t-iarrrtas a tha air solar cùraim-chloinne agus tràth-bhliadhnaichean anns a' Ghàidhlig gum bi Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a' sgrùdadh nan cothroman a dh'fhaodadh tighinn mar thoradh air an leudachadh sna h-uairean airson Ionnsachadh Tràth agus Cùram-chloinne, agus air a' bhuidhe a bhios aig seo air luchd-obrach agus trèanadh na Gàidhlig gum bi Siorrachd Lannraig a Deas a' cur an aghaidh bochdainn tro bhith a' cur ri comas-obrach tro thogail 'sgilean boga' tro dha-chànanas (le Gàidhlig mar fhear de na cànanan)	3.4
Foghlam	Bu toil leinn na leanas: gum bi Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag obair gus cur ri ìrean iarrrtais airson foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile taobh a-staigh sgìre na Comhairle Gum bi Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag obair le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus cur ri solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ma tha an t-iarrrtas ann, agus gus cur ri solar do luchd-ionnsachaidh aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile anns an sgìre aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas Mholamaid gun toir Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas fa-near dhan bhuidhe aig Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, agus aig an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig a' leantainn air sin, a' gabhail a-steach an dleastanas a bhith a' brosnachadh agus a' cumail taic ri Foghlam agus Ionnsachadh tro Mheadhan na Gàidhlig Gum bi Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas mothachail air a dleastanasan mar phàrant	3.5

	corporra, le bhith a' toirt cothrom do dh'òigridh le Gàidhlig a tha fo an cùram air seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig	
Coimhearsnachd	Bu toil leinn gun obraich Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas leis a' choimhearsnachd gus cothroman a chruthachadh, agus gus taic a chumail riutha gus a' Ghàidhlig a chleachdadh, ionnsachadh is brosnachadh taobh a-staigh sgìre Siorrachd Lannraig a Deas	3.6
Àite-obrach	Bu toil leinn na leanas: gun cuir Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ri comas an luchd-obrach aice gus gealltanasan a' phlana Ghàidhlig a lìbhrigeadh tro fhasadh, trèanadh agus planadh feachd-obrach gun tèid taic a thoirt dhan luchd-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach gun tèid trèanadh mothachaidh Gàidhlig a thairgse do bhuill thaghte agus do dh'àrd-mhanaidsearan	3.7, 4.2.4
Ealainean, Cultar is Dualchas	Tha sinn a' cur fàilte air obair com-pàirteachais le Oifigear Ealain is Cultair Bhòrd na Gàidhlig gus cur ri inbhe na Gàidhlig ann an tachartasan ealain is cultarail anns an sgìre. Tha sinn airson 's gum faigh Maoir-dùthcha trèanadh gus am bi e comasach dhaibh fios a thoirt seachad air a' Ghàidhlig agus dualchas na Gàidhlig ann an sgìre na Comhairle, m.e. ainmean-àite	3.8
Eaconamaidh	Bu toil leinn na leanas: gum broснаich Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas na buannachdan eaconamach aig a' Ghàidhlig agus a cultar mar phàirt de na h-ìomairtean leasachaidh eaconomaich aice san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach na buannachdan aig tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a tha air an cumail taobh a-staigh sgìre Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas	4.2.5

gum bi Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a’
sireadh chothroman gus a dhol an sàs le turasachd
Ghàidhlig tro bhith a’ libhrigeadh Plana Gnìomh
Turasachd Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas
agus ro-innleachdan turasachd sam bith san àm ri
teachd, mar eisimpleir, bidh sinn a’ brosnachadh
com-pàirt ann an Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig
VisitScotland

gum bi Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a’
brosnachadh farsaingeachd nan cothroman obrach
a thig tron Ghàidhlig

4.2 Gealltanasan Seirbheis Chorporra

4.2.1 Inbhe

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith a' cur ris an inbhe aice.

Bha an gealltanas seo anns a' chiad Phlana Ghàidhlig againn; cha deach an t-adhartas ris an robh sinn an dùil a dhèanamh a thaobh a' ghealltanais seo ach tha sinn air a thoirt air adhart dhan dàrna plana againn agus aig a' chiad chothrom a bhios againn nì sinn a' Ghàidhlig nas fhaicsinniche air an làrach-lìn againn.

Gnìomh Leasachaidh	Suaicheantas corporra
Buil a tha air a mholadh	Bheir Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a-steach suaicheantas corporra dà-chànanach, a' nochdadh co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Tha suaicheantas Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas sa Bheurla a-mhàin
Gnìomhan a dhith	Nuair a bhios cothrom aig a' Chomhairle ath-bhrannadh a dhèanamh, bheir e a-steach suaicheantas corporra dà-chànanach a tha a' toirt co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla
Ceann-latha targaid	Ro 2024
Oifigear an Urra ris	Ceannard a' Chonaltraidh agus na Ro-innleachd

Gnìomh Leasachaidh	Soidhnichean
Buil a tha air a mholadh	Deasaich agus cuir an gnìomh poileasaidh shoidhnichean/ainmeachaidh airson sgìre na comhairle a tha a' toirt spèis cho-ionnan dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla. Bidh am poileasaidh seo a' gabhail a-steach soidhnichean rathaid air an t-slighe a-mach/a-steach dhan sgìre.

Cleachdadh làithreach	Tha soidhnichean rathaid air feadh Siorrachd Lannraig a Deas sa Bheurla a-mhàin.
Gnìomhan a dhìth	Nuair a thathar ag ùrachadh no a' cur soidhnichean ùra suas, bheir a' Chomhairle Gàidhlig a-steach do na soidhnichean mean air mhean, a bharrachd air an t-suaicheantas dhà-chànanach, mar sin a' nochdadh spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla. Tha e coltach gum bi cosgaisean a bharrachd ann, ach bi seo airson cosgais nan eadar-theangachaidhean agus cha bhi e co-cheangailte ris na soidhnichean fhèin.
Ceann-latha targaid	Bidh seo leantainneach tro bheatha a' phlana.
Oifigear an Urra ris	Àrd-stiùiriche Goireasan Coimhearsnachd agus Iomairt

4.2.2 Conaltradh leis a' phoball

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de sholar aice anns an raon seo.

Thathar ag aithneachadh gu bheil sgilean Gàidhlig aig cuid de na daoine sa choimhearsnachd ann an Siorrachd Lannraig a Deas. Cumaidh a' chomhairle oirre a' tabhann agus a' toirt seachad seirbheisean eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh far a bheil seo a dhìth.

A' leantainn air an ùidh a tha buidhnean coimhearsnachd air nochdadh ann an cothroman ionnsachaidh Gàidhlig, cuiridh sinn barrachd fiosrachaidh air eadra-lìn agus làrach-lìn na Comhairle sa Ghàidhlig.

Gnìomh Leasachaidh	Conaltradh sgrìobhte/puist-d agus freagairt
Buil a tha air a mholadh	Sgaoil an teachdaireachd, tron làrach-lìn, tro na meadhanan sòisealta agus fiosan naidheachd gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball. Gheibh duine sam bith a chuireas fios dhan chomhairle ann am post-d no litir sa Ghàidhlig freagairt sa Ghàidhlig
Cleachdadh làithreach	Chan eil fiosrachadh sam bith ri fhaighinn air làrach-lìn na Comhairle aig an àm seo San bhliadhna mu dheireadh, fhuaras dà phost-d sa Ghàidhlig tro sheòladh puist nan co-ionannachdan. Chaidh freagairtean a chur sa Ghàidhlig. Chan eil fhios againn dè an cleachdadh a th' ann air feadh na chomhairle air fad.
Gnìomhan a dhìth	Aontaich faclan iomchaidh airson a chur air làrach-lìn na comhairle gu follaiseach gus sealltainn gu bheil a' chomhairle a' cur fàilte ro chonaltradh sa Ghàidhlig Faigh a-mach dè an cleachdadh làithreach a th' ann thairis air Goireasan uile na comhairle Cruthaichidh sinn daingneachadh puist-d gus an urrainn dhuinn post-d a gheibh sinn a fhreagairt sa bhad

	Brosnaich agus cùm taic ri Goireasan gus a h-uile pìos conaltraidh a gheibhear sa Ghàidhlig a fhreagairt sa Ghàidhlig.
Ceann-latha targaid	Ron Mhàrt 2020 Ron t-Sultain 2020 Ron Mhàrt 2020 Leantainneach
Oifigear an Urra ris	Àrd-stiùirichean airson gach Goireas
Gnìomh Leasachaidh	Eàrr-ràdh corporra
Buil a tha air a mholadh	Bheir Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas a-steach eàrr-sgrìobhadh puist-d corporra dà-chànanach, a' nochdadh co-ionannachd spèis airson Gàidhlig agus Beurla.
Cleachdadh làithreach	Tha eàrr-sgrìobhadh puist-d Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas sa Bheurla a-mhàin airson a' mhòr-chuid den luchd-obrach
Gnìomhan a dhith	Bidh eàrr-sgrìobhadh puist-d aig luchd-teagaisg/luchd-obrach a tha an sàs ann an libhrigeadh FtG a tha a' brosnachadh spèis cho-ionnan dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla. Cleachdaidh gach neach-obrach eile aig a' chomhairle eàrr-sgrìobhadh puist-d a tha a' toirt spèis cho-ionnan dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla
Ceann-latha targaid	Ro 2021 Ro 2024
Oifigear an Urra ris	Ceannard nan Seirbheisean Sgiobachd

Gnìomh Leasachaidh	Fàilteachas is Fòn
Buil a tha air a mholadh	Cùm taic ri luchd-obrach na comhairle aig a bheil Gàidhlig a tha comasach air an t-seirbheis seo a thoirt seachad Brosnaich an t-seirbheis seo dhan phoball far a bheil e ri faighinn
Cleachdadh làithreach	Leis an àireamh ìosal de luchd-obrach a chomharraich tron t-suirbhidh luchd-obrach, gun robh sgilean Gàidhlig aca, tha e coltach gum bi seo ri fhaighinn tro thidsearan/luchd-obrach a tha an sàs ann an lìbhrigeadh FtG aig an àm seo.
Gnìomhan a dhith	Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cumail sùil air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach Brosnaich is thoir taic do dhaoine leis na sgilean riatanach gus freagairt agus fàilte a chur air an fheadhainn a tha airson Gàidhlig a chleachdadh, a' nochdadh spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla Comharraich gun gabh a' Ghàidhlig a chleachdadh le bhith a' cleachdadh ghoireasan bhon iomairt #cleachdi (toilichte Gàidhlig a chleachdadh) a' gabhail a-steach lainneardan agus baidsean
Ceann-latha targaid	Leantainneach Leantainneach Leantainneach
Oifigear an Urra ris	Ceannard nan Seirbheisean Sgiobachd
Gnìomh Leasachaidh	Coinneamhan Poblach
Buil a tha air a mholadh	Comharraichidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig. Nuair a tha na cothroman seo ann, thèid an sanasachd.

Cleachdadh làithreach	Cha do lorg sinn cothroman ach taobh a-staigh nan sgoiltean FtG
Gnìomhan a dhìth	Siridh sinn cothroman gu gnìomhach Brosnaichidh sinn tachartasan a tha air an libhrigeadh gu dà-chànanach no anns a' Ghàidhlig Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cumail sùil air Gàidhlig aig coinneamhan poblach
Ceann-latha targaid	Leantainneach Leantainneach Leantainneach
Oifigear an Urra ris	Ceannard nan Seirbheisean Sgiobachd
Gnìomh Leasachaidh	Tha Gàidhlig air a chleachdadh air làrach-lìn na Comhairle agus air eadra-lìon an luchd-obrach
Buil a tha air a mholadh	A' Ghàidhlig nas fhaicsinniche ann am foillseachaidhean lìn agus, far a bheil e iomchaidh, ann an ainmean-àite.
Cleachdadh làithreach	Tha a' Ghàidhlig follaiseach ann am fiosrachadh air a thaisbeanadh ann an sgoiltean Beinn Chamshron agus Ghlinn Chaldair. Cuiridh sinn air dòigh seirbheisean eadar-theangachaidh aig àrd-ìre Faodar làrach-lìn na Comhairle fhaicinn a' cleachdadh goireas nan 'cànanan eile'. Bha an gealltanais seo anns a' chiad Phlana Ghàidhlig againn; cha deach an t-adhartas ris an robh sinn an dùil a dhèanamh a thaobh a' ghealltanais seo ach tha sinn air a thoirt air adhart dhan dàrna phlana againn agus aig a' chiad chothrom a bhios againn nì sinn a' Ghàidhlig nas fhaicsinniche air an làrach-lìn againn, agus far a bheil e iomchaidh le ainmean-àite agus branndadh na comhairle.
Gnìomhan a dhìth	Thoir a-staigh susbaint Ghàidhlig air làrach-lìn na Comhairle, le prìomhachas ga thoirt do phrìomh dhuilleag

na comhairle agus do dh'eadra-lìon an luchd-obrach, a' dèanamh cinnteach gun tèid an eadar-theangachadh gu proifeiseanta agus gun toir iad spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.

Mar eisimpleir, le bhith a' co-roinn sgeulachdan naidheachd sa Ghàidhlig far a bheil seo buntainneach

Cruthaich làrach-lìn Ghàidhlig far an gabh fiosrachadh a cho-roinn

Faigh a-mach cia mheud duine anns a' choimhearsnachd a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig

Obraich le Pannal nan Saoranach agus buidhnean is riochdairean coimhearsnachd eile gus obair suirbhidh a dhèanamh co-cheangailte ri cleachdadh agus brosnachadh na Gàidhlig ann an sgìre Siorrachd Lannraig a Deas.

cuir ris an fhiosrachadh a tha ri fhaighinn sa Ghàidhlig mu chultar agus na h-ealainean air làraichean-lìn iomchaidh agus aig ionadan tachartasan/taisbeanaidhean

Ceann-latha targaid

Ron Mhàrt 2020
Ron Mhàrt 2020
Ron Mhàrt 2021
Ron Mhàrt 2021

Oifigear an Urra ris

Ceannard a' Chonaltraidh agus na Ro-innleachd
Ceannard nan Seirbheisean Sgiobachd

4.2.3 Fiosrachadh

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air rùnachadh cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Bha an gealltanais seo anns a' chiad Phlana Gàidhlig againn; cha deach an t-adhartas ris an robh sinn an dùil a dhèanamh a thaobh a' ghealltanais seo ach tha sinn air a thoirt air adhart dhan dàrna plana againn agus aig a' chiad chothrom a bhios againn, nì sinn a' Ghàidhlig nas fhaicsinniche air an làrach-lìn againn agus, far a bheil e iomchaidh le ainmean-àite agus branndadh na comhairle.

Gnìomh Leasachaidh	Tha barrachd fiosrachaidh ri fhaighinn sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach fiosan naidheachd cudromach; meadhanan sòisealta, air làrach-lìn na comhairle, agus tionndaidhean didseatach de phlanaichean agus de prìomh sgrìobhainnean. Bidh fiosrachadh dà-chànanach no anns a' Ghàidhlig airson taisbeanaidhean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Nuair a tha sinn a' dealbhadh, ag atharrachadh no ag ùrachadh ghoireasan ann an taisbeanaidhean, cuiridh sinn teachdaireachdan fhàbharach ann sa Ghàidhlig.
Buil a tha air a mholadh	Cuir ris an uiread de dh'fhiosrachadh sa Ghàidhlig ann an cruthan didseatach agus clò-bhuailte.
Cleachdadh làithreach	Tha beagan fiosrachaidh ri fhaighinn tro fhiosan naidheachd, meadhanan sòisealta agus air-loidhne tro làrach-lìn na comhairle. Tha taisbeanadh poblach sam bith sa Bheurla. Thathar ag iarraidh air custamairean fios a chur thugainn gus bruidhinn air na feumalachdan aca agus thèid sgrìobhainnean eadar-theangachadh nuair a thèid seo iarraidh
Gnìomhan a dhìth	Cùm sùil air iarrtasan eadar-theangachaidh Thoir seachad tionndaidhean Gàidhlig clò-bhuailte de sgrìobhainnean ma thèid seo iarraidh. Tha dòigh conaltraidh 'didseatach an toiseach' aig a' chomhairle

airson feart a toirt air seasmhachd agus cosgaisean agus cuideachd air na dòighean as fheàrr le daoine gus fiosrachadh fhaighinn bhon chomhairle agus tha seo a' ciallachadh nach bi sinn a' cumail lethbhreacan clò-bhuailte de phlanaichean/aithisgean agus msaa.

Dèan cinnteach gu bheil tionndaidhean didseatach de phlanaichean, prìomh sgrìobhainnean agus fiosrachadh ri fhaighinn sa Ghàidhlig gu farsaing.

Thoir seachad fiosrachadh anns a' Ghàidhlig aig tachartasan poblach.

Ceann-latha targaid

Bho 2020
Leantainneach
Bho 2020
Bho 2020

Oifigear an Urra ris

Ceannard a' Chonaltraidh agus na Ro-innleachd

4.2.4 Àite-obrach (luchd-obrach)

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas mothachail air cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig deatamach no miannach. Tha sinn a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

Gnìomh Leasachaidh	Trèanadh mothachaidh Gàidhlig air a thairgse dhan luchd-obrach, buill taghte agus àrd-mhanaidsearan Tog aire mun Ghàidhlig agus mun phlana Ghàidhlig Cùm taic ri luchd-obrach gus Gàidhlig a chleachdadh san àite obrach
Buil a tha air a mholadh	Cuir modal air mothachadh Gàidhlig air an àrd-ùrlar do luchd-obrach 'learn on line', bidh seo ri fhaighinn dhan a h-uile neach-obrach agus ball taghte mar phàirt den phròiseas inntrigidh agus bidh e ri fhaighinn leis a h-uile neach-obrach ge b' e cuin a thàinig iad a-steach dhan chomhairle. Bidh an t-ionnsachadh air-loidhne a' cur cuideam air, agus a' sealltainn do luchd-obrach far am faigh iad a-mach mun Phlana Ghàidhlig. Ged nach urrainn dhan Chomhairle trèanadh Gàidhlig a thoirt seachad gu dìreach, leanaidh i oirre a bhith a' toirt taic do luchd-obrach gus na sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart. A bharrachd air seo, foillseachaidh sinn fiosrachadh mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig air eadra-lìon an luchd-obrach, agus air làrach-lìn agus meadhanan sòisealta na comhairle.
Cleachdadh làithreach	Chan eil modal mothachaidh Gàidhlig ri fhaighinn air an àrd-ùrlar 'learn on line'. Thèid foghlam a thoirt do luchd-obrach foghlaim gus gnìomhan Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach lomchaidh a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh seirbheisean a thoirt seachad dhan ìre

as àirde 's a ghabhas. Tha seo a' gabhail a-steach leasachadh sgilean cànan.

Tha luchd-obrach a tha an sàs ann an foghlam an sàs ann am FtG gu cunbhalach gus cur ris na sgilean cànan aca. Mar eisimpleir, tha dithis luchd-obrach ann am Bun-sgoil Beinn Chamsghroin ag ionnsachadh na Gàidhlig aig an am seo gus dèanamh cinnteach gu bheil an uiread 's a ghabhas de Ghàidhlig ga cleachdadh san sgoil-àraich Ghàidhlig. Tha an dithis air a bhith a' frithealadh clasaichean Ghàidhlig gach seachdain.

Tha neach-obrach aig Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air Cùrsa GiFT (cùrsa bogaidh do luchd-teagaisg) Oilthigh Shrath Chluaidh a dhèanamh gu soirbheachail agus tha iad a-nis ag obair làn-ùine ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh na comhairle.

Gnìomhan a dhith

thèid fios a chumail ri luchd-teagaisg is luchd-obrach eile taobh a-staigh FtG mu chothroman CPD

thèid fiosrachadh a chruinneachadh mu chothroman ionnsachaidh

co-obrach le sgioba nan conaltraidhean didseatach gus dèanamh cinnteach gun tèid am fiosrachadh fhoillseachadh

luchd-obrach gu bhith air an stiùireadh dhan fhiosrachadh tro ullachaidhean sgioba; cuairt-litrichean, cuairt-litrichean sgiobachd; fios gu bhith air a sgaoileadh tro mhanaidsearan dhan fheadhainn aig nach eil cothrom air an eadar-lìon

cuir ri comas an luchd-obrach gus gealltanasan a' phlana Ghàidhlig againn a libhrigeadh tro fhastadh, trèanadh agus planadh feachd-obrach.

cùm taic ri luchd-obrach gus an cànan a chleachdadh san àite obrach

cuir ri cothroman do luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig no a bhith a' cur ri an cuid sgilean cànan ma tha Gàidhlig aca mar-thà

Ceann-latha targaid

An Dùbhlachd 2020

Oifigear an Urra ris	Àrd-stiùirichean airson gach Goireas
Gnìomh Leasachaidh	Suirbhidh taobh a-staigh na buidhne do luchd-obrach
Buil a tha air a mholadh	Cùm sùil air sgilean cànan agus ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach againn tro shuirbhidhean luchd-obrach cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Thathar ag iarraidh air luchd-obrach na sgilean Gàidhlig a mheasadh is a chomharrachadh. Aig an àm seo, tha seo a' ghabhail a-staigh comasan gus Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh a bhruidhinn no measgachadh de na sgilean seo
Gnìomhan a dhìth	Cùm oirnn a bhith a' cumail sùil air sgilean cànan an luchd-obrach cuir ri cothroman do luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig no a bhith a' cur ri an cuid sgilean cànan ma tha Gàidhlig aca mar-thà cuir ceist ann gus obrachadh a-mach cia mheud neach-obrach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus cia mheud aca a tha airson Gàidhlig ionnsachadh
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2021 agus gach 2 bliadhna às dèidh sinn Bho 2020 agus fad beatha a' phlana Bho 2020 agus fad beatha a' phlana
Oifigear an Urra ris	Ceannard nan Seirbheisean Sgiobachd
Gnìomh Leasachaidh	Aithnich agus thoir spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh
Buil a tha air a mholadh	Tha a' Ghàidhlig air ainmeachadh mar sgil riatanach no buannachdail ann an dealbhan-obrach iomchaidh

	a rèir comhairle fastaidh Bhòrd na Gàidhlig, a tha ri fhaighinn air an làraich-lìn aca. far a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach, dèan sanasachd airson nan dreuchdan sin gu dà chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin
Cleachdadh làithreach	Tha cothroman obrach air an sanasachd anns a' Bheurla a-mhàin
Gnìomhan a dhìth	dèan sanasachd airson nan dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na buannachd le sanasan a tha dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin thoir seachad taic cànanain iomchaidh tron phròiseas fastaidh far a bheil sin iomchaidh
Ceann-latha targaid	Leantainneach bho 2020 Leantainneach bho 2020
Oifigear an Urra ris	Ceannard nan Seirbheisean Sgiobachd

4.2.5 Eaconamaidh

Tha Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas ag aithneachadh nam buannachdan eaconamach aig a' Ghàidhlig agus a cultar mar phàirt de na h-ìomairtean leasachaidh eaconomaich aice san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach na buannachdan eaconomach aig tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a tha air an cumail taobh a-staigh sgìre Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas.

Tha sinn cuideachd a' gabhail ris gu bheil seo a' cur gu mòr ri eaconamaidh na h-Alba. Cuideachaidh sinn gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air a' Ghàidhlig (meadhanan is ealainean agus dualchas is turasachd) ann an Alba.

Gnìomh Leasachaidh	Gabh cothroman gus obrachadh ann an com-pàirteachas le Manaidsear nan Com-pàirteachasan aig Bòrd na Gàidhlig gus cuir ri inbhe na Gàidhlig ann an tachartasan ealain is cultarail.
Buil a tha air a mholadh	Tha barrachd mothachaidh air Gàidhlig ann an cultar agus sna h-ealainean
Cleachdadh làithreach	Seo raon anns nach eil mòran, no rud sam bith, air tachairt gu ruige seo.
Gnìomhan a dhìth	brosnaich na buannachdan eaconamach aig a' Ghàidhlig agus a cultar mar phàirt de na h-ìomairtean leasachaidh eaconomaich aice san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach na buannachd eaconomaich aig tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a tha air an cumail taobh a-staigh sgìre Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas. sir cothroman gus a dhol an sàs le turasachd Ghàidhlig tro bhith a' lìbhrigeadh Plana Gnìomh Turasachd Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas agus ro-innleachdan turasachd sam bith san àm ri teachd, mar eisimpleir a' brosnachadh com-pàirt anns a' chiad Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig aig VisitScotland brosnaich farsaingeachd nan roghainnean agus cothroman obrach a thig tron Ghàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam Gàidhlig dèan sanasachd airson cothroman do dhaoine aig a bheil Gàidhlig a bhith a' beachdachadh air dreuchd ann an cultar agus na h-ealainean

Ceann-latha targaid

Ro 2022

Oifigear(an) an Urra ris

Ceannard a' Phlanaidh is an Leasachaidh
Eaconomaich
Àrd-mhanaidsear Cur-seachadan is Cultar Siorrachd
Lannraig a Deas

5 Buileachadh agus Sgrùdadh

5.1 Clàr-ama

Bidh am plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. Ro dheireadh nan còig bliadhna seo, nì sinn ath-sgrùdadh air a' Phlana, nì sinn atharrachadh sam bith a tha a dhìth air agus cuiridh sinn do Bhòrd na Gàidhlig e airson aonta.

5.2 A' foillseachadh a' Phlana

Nuair a tha am plana air aontachadh gu foirmeil le Bòrd na Gàidhlig, foillsichidh sinn e, a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh air a' chòmhdach a tha riatanach a rèir an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig agus an litir aonta fhoirmeil bhon Bhòrd.

5.3 Sanasachd airson a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig na Comhairle fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn [Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas](#). Tha dòigh conaltraidh 'didseatach an toiseach' aig a' chomhairle airson feart a toirt air seasmhachd agus cuideachd air na dòighean as fheàrr le daoine gus fiosrachadh fhaighinn bhon chomhairle. Tha seo a' ciallachadh nach bi lethbhreacan pàipeir rim faighinn mar as àbhaist. Innsidh sinn do dhaoine agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa Phlana le bhith:

- a' cur a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- a' cur artaigil dà-chànanach san [South Lanarkshire View](#) air làrach-lìn na Comhairle mu chur air bhog a' Phlana
- tog mothachadh mun phlana tro na meadhanan nuair a thèid fhoillseachadh, agus gu cunbhalach às dèidh sin
- a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach/Buill Thaghte tron Eadra-lìon, irisean do luchd-obrach, pàipearan-ullachaidh aig sgiobachd agus cuairt-litrichean
- a' beachdachadh air iarrtasan airson a' Phlana ann an cruthan eile, mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrann 4.2.4 gu h-àrd

5.4 Goireasachadh a' Phlana

Tèid am plana seo a mhaoineachadh bho ghoireasan a th' ann mar-thà. A bharrachd air seo, feuchaidh sinn ri maoineachadh fhaighinn bhon taobh a-muigh gus taic a chumail ri seo.

5.5 A' sgrùdadh a' Phlana

Thèid aithisgean adhartais mun Phlana a thoirt do Sgioba-stiùiridh Corporra na Comhairle agus do Chomataidh nan Goireasan Corporra dà thuras gach bliadhna, agus do Bhòrd na Gàidhlig turas gach bliadhna.

Thèid adhartas le bhith a' coileanadh amasan agus gnìomhan a' phlana fhoillseachadh air [Làrach-lìn Siorrachd Lannraig a Deas](#) agus anns an [South Lanarkshire View](#).

Thèid fianais mu bhuidh a' phlana a chruinneachadh le bhith:

- a' toirt cuireadh do luchd-obrach, buill pàrtaidh nan saoranach, buidhnean coimhearsnachd ionadail agus daoine eile aig a bheil ùidh gus pàirt a ghabhail ann an suirbhidhean
- a' toirt feart air iarrtasan airson eadar-theangachaidhean sa Ghàidhlig
- a' toirt feart air beachdan a fhuaras air ais bho:
 - dhaoine sa choimhearsnachd
 - luchd-obrach a tha an sàs ann an lìbhrigeadh nan gnìomhan sa Phlana

6 Fios thugainn

Tha sinn a' cur fàilte air na beachdan is na gearanan agaibh uair sam bith. Le bhith a' nochdadh nam beachdan agaibh agus ag innse dhuinn nuair a thèid rudan ceàrr, cuidichidh sibh sinn gus leasachadh a thoirt air ar cuid sheirbheisean dhuibh.

'S urrainn dhuibh seo a dhèanamh:

- le bhith a' sgrìobhadh gu – Manaidsear Leasachaidh Neach-obrach is Iomadachd, Goireasan Corporra, Comhairle Shiorrachd Lannraig a Deas, Ùrlar 3, Prìomh Oifisean na Comhairle, Sràid Almada, Hamalton, ML3 0AA
- le bhith a' fònadh – air na h-àireamhan gu h-ìseal
- le post-dealain no tro bhileag nam beachdan is nan gearanan againn - aig na seòlaidhean aig putan “Fios thugainn” air duilleag-aghaidh làrach-lìn na Comhairle aig www.southlanarkshire.gov.uk
- le bhith a' tadhal air gin de na h-oifisean againn - aig gin de na seòlaidhean air an aon dhuilleag-lìn air a bheil iomradh gu h-àrd

Airson barrachd fiosrachaidh, no ma tha sibh ag iarraidh an fhiosrachaidh seo an an riochd no cànan eile, cuiribh fòn air 0303 123 1015 no cuiribh post-dealain gu equalities@southlanarkshire.gov.uk.

Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànan

Bho dh'fhoillsich sinn a' chiad plana, iarr sinn air an luchd-obrach againn innse dhuinn mu na sgilean Gàidhlig a th' aca. Rinneadh seo mar phàirt den t-suirbhidh den luchd-obrach againn ann an 2016. Seall na freagairtean dhan t-suirbhidh gun robh 0.1% de luchd-obrach na comhairle comasach air Gàidhlig a leughadh no a bhruidhinn, no an dà chuid air Gàidhlig a leughadh is a bhruidhinn. Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cumail sùil air tuigse agus cleachdadh na Gàidhlig air feadh na comhairle agus cleachdaidh sinn suirbhidh an luchd-obrach mar dhòigh gus am fiosrachadh seo fhaighinn.

A chionn 's gun deach grunn shuirbhidhean a chur gu luchd-obrach air diofar chuspairean bho chionn goirid, cha deach sgrùdadh sònraichte a dhèanamh airson an dàrna thionndaidh seo. Ach mar a chuir sinn an cèill ann an earrann 1.7 gu h-àrd, cuiridh sinn ceistean ann, ma thèid aontachadh leis an Sgioba-stiùiridh Chorporra, anns an ath shuirbhidh agus ann an Suirbhidhean Luchd-obrach san àm ri teachd a thaobh sgilean Gàidhlig, agus faighnichidh sinn de dhaoine cuideachd a bheil iad airson an cuid sgilean a thoirt air adhart, agus mas e is gu bheil, dè seòrsa trèanaidh a bhiodh a dhìth orra.

A chionn 's gun robh na h-àireamhan gu math beag: nas lugha na 10 luchd-obrach, chan eil fiosrachadh sam bith a bharrachd san aithisg seo.

Eàrr-ràdh 2 – Toraidhean na Co-chomhairle

Nuair a bhathar ag ullachadh plana Gàidhlig Siorrachd Lannraig a Deas, rinn sinn co-chomhairle leis a' phoball a' cleachdadh suirbhidh air-loidhne. Chaidh sanasachd a dhèanamh airson na co-chomhairle tro làrach-lìn is meadhanan sòisealta na comhairle.

Mar thoradh air foillseachadh agus co-chomhairle air a' phlana, tha daoine air fios a chur thugainn le ceistean mu bhith a' cruthachadh agus a' toirt seachad ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Fhuaradh grunn bheachdan nach robh taiceil, ach cha robh a' mhòr-chuid aca ceangailte ri susbaint a' phlana. A dh'aindeoin nam beachdan seo, cumaidh Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas air adhart le bhith a' cur an gnìomh agus a' brosnachadh a' Phlana Ghàidhlig.

Bha 75% de na beachdan a chaidh a chomharrachadh mar neodrach a' toirt iomradh air solar do luchd-ionnsachaidh inbheach. Chaidh iad seo a chur air adhart gu, agus chaidh am freagairt le Seirbheis Ionnsachaidh na h-Òigridh, an Teaghlaich agus na Coimhearsnachd.

B' iad seo na prìomh chuspairean a thàinig a-mach tron cho-chomhairle:

- a' togail aire mun Phlana anns a' choimhearsnachd
- a' cur ris a' chonaltradh bhon phoball a thaobh solar Gàidhlig sa choimhearsnachd